

'Cha robh i aca riamh an-seo' - fìor no feallsa?

SEON C CAIMBEUL SGEULACHD NA SEACHDAINE

CHÀIDH Bile na Gàidhlig a thoirt fa chomhair Pàrlamaid na h-Alba an-dè. Ach cho luath 's a nì an Riaghaltas fuaimean brosnachail mun Ghàidhlig bidh cuid a' gearain. A bharrachd air na h-ionnsaighean faoine farmadach nimheil a bhios seòrsa sònraichte de "luchd-naidheachd" a' toirt air a' Ghàidhlig, cluinnidh sinn am beachd cearbach seo bho charaidean: "Cha robh i aca riamh an-seo co-dhiù."

Cia mheud turas a chuala sinn am breithneachadh dubh sin bho dhaoine air Ghaidhealtachd a bu chòir a bhith nas eòlaiche air an dualchas 's air dìleab na h-eachdraidh chruaidh aca fhèin?

Ged a bhios a' chuid as motha againn a' fàs diombach nuair chluinneas sinn a leithid, chan eil Kurt Duwe á Wedel sa Ghearmailt cho lag-chùiseach. Gu bhith cinnteach gun robh fianais gu leòr aige air son dèiligeadh ris a' cheist, ghabh e air fhèin cunntas mionaideach a sgrìobhadh air staid agus eachdraidh na Gàidhlig anns gach sgìre. Mhìnich e: "Sann às a' Chuimrigh a bha mo sheanmhair 's bha ùidh agam riamh ann an cànanan Ceilteach.

"Fhuair mi cothrom obrach ann an Alba ann an 1978 agus bha e nàdarra gu leòr dhomh a dhol gu Sabhal Mòr Ostaig air son a' Ghàidhlig ionnsachadh. Chuir e iongnadh orm ge-tà, nuair a bha mi a' dol mun cuairt a' leantainn mo dhreuchd mar neach-tomhais na fairge, neo oceanographer, ann an diofar àitean air a' chosta an-iar, gum biodh daoine, anns cha mhòr gach àite, ag innse dhomh nach robh an sgìre aca riamh ro Ghaidhealach, nach robh mòran Gàidhlig riamh aca ann.

"Bhiodh fios agam nach robh sin ceart, ach bha e an còmhnaidh doirbh fianais a thoirt dha na daoine a shealladh dhaibh cho ceàrr 's a bha 'm beachd aca. Tha e mar phàirt chudromach den obair shaidheansail againn an-diugh a bhith mothachail air a' choitheacsa shòisealta anns a bheil leasachadh economaigeach a' dol air adhart, 's mar sin fhuair mi cead agus taic bhon chompanaidh agam, Hydromod, aithisg mionaideach a sgrìobhadh air gach sgìre Ghaidhealach, eadar taobh sear tir-mòr agus na h-eileanan."

Chaidh a' chiad tè, "Àird nam Murchan agus Loch Abar an Iar" (44 duilleag), fhoillseachadh. Tha i loma-làn fiosrachaidh mu staid na Gàidhlig sna dùthchannan seo bho linn Bhictoria gus an Dàrna Cogadh Mhòr. Ach rud a tha air leth cuideachail agus brosnachail, se gu bheil cunntas aig Duwe air àireamh luchd labhairt na Gàidhlig 's an comasan suas dhan là 'n-diugh.

Tha e a' sealltainn, mar eisimpleir, gu bheil an uiread de dhaoine aig a bheil comasan sgrìobhaidh air a dhol an àird mar thoradh air iomairt na Gàidhlig anns na sgoiltean 's anns na coimhearsnachdan. Tha an cànan fhathast beò 's a' fàs. Tha e ag ràdh: "Chan eil e gu leòr eachdraidh na Gàidhlig a mhìneachadh do dhaoine. Feumaidh sinn cuimhneachadh gu bheil sinn a' dèiligeadh ris an da-rìreachais. Tha a' Ghàidhlig da-rìreabh ann, 's ged a tha i a' sior dhol a-mach á bith ann an cuid de dh'àitean tha i a' tighinn air ais ann an àitean eile. Ma tha sinn air son na pròiseasan sòisealta cànanach seo a thuigsinn, feumaidh sinn dèiligeadh gu saidheansail ris an fhianais.

"Ged a tha mòran an dùil gu bheil na h-eileanan a-muigh uile glè Ghaidhealach an coimeas ris na h-eileanan eile 's tir-mòr, tha na h-àireamhan a' sealltainn gu bheil badan den Eilein Sgitheanach, mar eisimpleir, far a bheil fada bharrachd luchd bruidhinn Gàidhlig na gheibh thu ann an iomadach coimhearsnachd sna h-eileanan a-muigh. Agus tha àitean air tir-mòr far an do mhair i fada nas fhaide na bha sinn an dùil."

Nuair chaidh Alison Diack an sàs ann am PhD air Gàidhlig Shiorramachd Obar Dheathain, chaidh innse dhi le Gaidhil 's le Goill nach robh Gàidhlig air a bruidhinn ann bho linn nan con. "Bhrosnaicheadh e barrachd dhaoine gus Gàidhlig ionnsachadh nam faicheadh iad an dàimh eatarra fhèin agus a' Ghàidhlig. Rinn e diofar mhòr dhomh nuair a fhuair mi mach san oilthigh gun robh Gàidhlig ga bruidhinn san sgìre agam fhèin gu bho chionn goirid.

"Dh'fhairich mi an uair sin gun robh dàimh phearsanta agam ris a' chànan. Dh'ionnsaich mi i, agus b'ann air tàillibh sin a dh'fhas mi fileanta innte."

Tha Hydromod an dùil sreath de 25 aithisgean fhoillseachadh. Tha iad ri'm faotainn an-asgaidh air an

'Cha robh i aca riamh an-seo' - fìor no feallsa?

eadar-lion, ann an cruth pdf, aig www.btinternet.com/~thesquarecottage/newcem/census/.

This article:

<http://news.scotsman.com/gaelic.cfm?id=1139002004>

Gaelic language:

<http://news.scotsman.com/topics.cfm?tid=64>

Websites:

BBC Alba

<http://www.bbc.co.uk/scotland/alba/>

Clì - The New Gaels

<http://www.cli.org.uk/>

Gaelic - English dictionary

<http://www.sst.ph.ic.ac.uk/angus/Faclair/>

Royal National Mod

<http://www.the-mod.co.uk/>

Sabhal Mór Ostaig

<http://www.smo.uhi.ac.uk/>

soc.culture.gaelic FAQ

<http://www.siliconglen.com/scotfaq/gaelic.html>